



# Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

## Newsletter 25

### An Lùnastal/August 2010



#### Dè tha dol?/What's new?

#### **Riochdairean Ùra**

Chaidh Comataidh Eco agus Comhairle Sgoilearan ùr a thaghadh o chionn ghoirid agus tha iad mar-thà trang a' dealbhadh na tha iad airson a dhèanamh am-bliadhna. Cumaibh sùil air na pròiseactan inntinneach a tha air thoiseach!

#### **New Representatives**

We have a newly elected Eco Committee and Pupil Council who are already busy planning what they would like to achieve this year. Keep a look out for the exciting projects ahead!

#### Comataidh Eco / Eco Committee:

Cathraiche	Alex	P6/7
Rùnaire	Roddy	P5/6
Ionmhasair	Zac	P4/5
Oifigear Eco	Daniel	P3/4
Oifigear Eco	Peter	P2/3
Oifigear Eco	Seumas	P1/2

#### Comhairle nan Sgoilearan:

Cathraiche	Euan	P6/7
Ionmhasair	Lois	P5/6
Rùnaire	Harry	P4/5
Leas-chathraiche	Calum T	P3/4
Oifigear Conaltraidh	Finlay MacL	P2/3
Oifigear Conaltraidh	Kirsty	P1/2

Thèid beachdan sgoilearan Prìomh 1 a riochdachadh le riochdaire P1/2.  
Primary 1 pupils' views will be represented by the P1/2 representative.

#### Naidheachdan Eco/Eco News

#### **Sgudal a-mach, bratach a-steach!**

Fhuair BSGI am bratach uaine, as dèidh tòrr feitheamh agus obair!  
Ma tha nam pàrantan a smaointinn gur e rud dona a tha seo, chan e! 'S e rud math a th'ann. Tha e a ciallachadh gur e sgoil Eco a th' annainn.  
Bha tòrr obair againn ri dhèanamh son seo fhaighinn. Rinn sinn taigh glainne agus thog sinn fedge. Cha robh iad sin cho doirbh ach an rud a BHA doirbh 's e an sgoil againn a chumail glan! Chur sinn air dòigh rota tha e ann an òrdugh a nist. Feumaidh sinn uile sùil a chumail a-mach airson sgudail. Bidh sinn a' clàradh dè na tha sinn ag ithe de measan gach



# Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

## Newsletter 25

### An Lùnastal/August 2010



Dimàirt. Feumaidh sinn pàipear ath-chuairteachadh a' chruinneachadh gach seachdain cuideachd.

Tha Donald bhon Chomataidh Eco ag ràdh "Tha mi uabhasach toilichte am bratach uaine fhaighinn".

Tha Iain bhon Chomataidh Eco ag ràdh "Rinn sinn tòrr obair agus bha sinn airidh air a seol!"

Tapadh leibh son leughadh

Jack Kerr, Clas 6

#### **Rubbish out, Green flag in!**

We've got the green flag, after a lot of work and waiting!

If the parents out there are thinking that this is a bad thing, its not! It is actually a good thing. It means that we are an Eco School. We had to do lots of work to get it, like making a fedge & a green house made out of bottles. That wasn't that hard but the things that were hard were to keep the school clean. We now have a rota and it is now in order. Donald from the Eco Committee said "I am very happy to have got the Green flag".

Iain from the Eco committee said "I am very happy to get it"

Thank you for reading

Jack Kerr, Primary Six

#### **Banca Aodaich**

Feuch gun cum sibh oirbh ga chleachdadh oir tha BSGI agus a' choimhearsnachd ionadail airson na 's urrainn dhaibh ath-chuartachadh. Cuideachd, bidh sinn a' faighinn airgead airson maoin na sgoile a h-uile troip a thèid am bin fhalamhachadh!

#### **Textile bank**

Please continue to use the recycling bin as the BSGI and local community are keen to recycle as much possible. Also, we receive money for school fund each time the bin is emptied!

#### **Conaltradh Post-d**

Cuiribh fios gu oifis na sgoile leis an t-seòladh post-d agaibh ma tha sibh toilichte conaltradh post-d fhaighinn. Tha sinn a' feuchainn ri tuaiream nas lugha de phàipear a chleachdadh.

#### **Email Correspondence**

Please contact the school office with your email address if you are happy to receive email correspondence. We are trying to reduce the amount of paper we use.



# Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

## Newsletter 25

### An Lùnastal/August 2010



#### Naidheachd Comhairle nan Sgoilearean/Pupil Council News

##### **BBQ na Sgoile**

Bu mhatth leinn taing mhòr a thoirt dha Comhairle nan Sgoilearean agus Mrs MacLennan airson am BBQ a chur air dòigh dhuinn. Chruinnich sinn £719.60 agus thug sinn £100 dha an Ionad MS agus CLIC Sargant cuideachd.

##### **Summer BBQ**

We would like to thank you the Pupil Council and Mrs MacLennan for organising another successful Summer BBQ in June. A total amount of £719.60 was raised and £100 donated to the Inverness MS Centre and another £100 to CLIC Sargant.

#### Soirbheachadh agus Coileanadh/Successes and Achievements

##### **Modh agus Giulain**

Tha sinn uile gu moiteil as na sgoilearean gu lèir a tha air a bhith ag obair gu dicheallach riaghailtean clas a sgrìobhadh agus a gabhail riutha. Tha na sgoilearean air a bhith uabhasach modhail. 'S math a rinn sibh uile agus cumaibh sua leis!

##### **Excellent behaviour**

We are all very proud of the excellent behaviour displayed by our pupils on returning to school. We intend to begin awarding certificates at weekly assemblies to celebrate achievements in both learning and behaviour. Well done and keep up the good work!



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis  
 Newsletter 25  
 An Lùnastal/August 2010



Fiosrachadh/Information

Cleasan seachdaineach - Teirm 1 agus Teirm 2  
 Weekly activities - Term 1 and Term 2

Diluain Monday	Dimàirt Tuesday	Diciadain Wednesday	Diardaoin Thursday	Dihaoine Friday
Co-chruinneachadh Deagh naidheachd P1-3 Good news Assembly P1-P3	Coisir P4-P7 Choir P4-P7		Co-chruinneachadh den Sgoil Iomlan Whole School Assembly	
Oideachadh Pìoba Piping instruction		Oideachadh Fìdhle Violin instruction		Àm Òir Golden Time
<b>3.15</b>	<b>3.15 - 4.15</b>	<b>3.15 - 4.15</b>	<b>3.15 - 4.15</b>	<b>3.15 - 4.15</b>
Dannsa Ghàidhealach Highland dancing Sgoil-àraich/P1 Seinn - Fèis na h-Òige P4-P6	Sradagan P1-P3		Lùth-chleas Athletics P4-P7 <b>(Start date tbc)</b>	Ball-coise P4-P7 3.15 - 4.45 Football P4-P7 3.15 - 4.45 <b>(Starting 3<sup>rd</sup> September)</b>



# Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

## Newsletter 25

### An Lùnastal/August 2010



#### **National Mod – Solo singers**

Mrs Jack has kindly offered to help any soloists with their National Mod preparations. Should you wish your child to receive some help from Mrs Jack please write a short note explaining which competition they are in and stating that you wish support.

#### **Mòd Nàiseanta**

Tha Mrs Jack deonach taic a thoirt dha seinneadairean a tha am beach pàirt a ghabhail as Mhòd Nàiseanta. Ma tha sibh airson taic fhaighinn bho Mrs Jack, sgrìobhaibh litir ag innse dhi dè an co-fharpais as a bheil do phàiste.

#### **Dèideagan**

Bu toil leam taic phàrantail iarraidh gus dèanamh cinnteach nach tèid dèideagan sam bith a thoirt dhan sgoil. Tha duilgheadasan air a bhith againn le dèideagan air an call agus tha luchd-obrach a' cur seachad tòrr ùine gan lorg. Mar sin, tha casg air dèideagan uile san sgoil air fad. Tha deagh ghoireasan againn san sgoil agus chan eil sinn a' faicinn gu bheil feum sam bith aig a' chloinn a bhith a' toirt a-steach dhèideagan, a tha uaireannan gu math cosgail. Tha mi a' coimhead air adhart ri taic bhuaibh a thaobh seo.

#### **Toys**

I would like to ask for parental support in ensuring that no toys are taken to school. We are experiencing difficulties with toys being lost and an inordinate amount of staff time being spent looking for them. As a result, there is now a whole school ban on all toys. We are a very well resourced school and do not see the need for children to be taking, at times, expensive toys to school. I look forward to your support in this matter.

#### **Làrach-lìn na Sgoile**

Cuimhnichibh agus coimheadaibh air an làrach-lìn again! Tha sinn a' cur fiosrachadh ùr a h-uile seachdainn! <http://www.bsgi.highland.sch.uk/>

#### **School Website**

Please remember to look at our school website, <http://www.bsgi.highland.sch.uk/> as we will be updating it regularly!



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis  
Newsletter 25  
An Lùnastal/August 2010

---

